

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air bun amasan agus riaghailtean bhall-coise.

'S urrainn dhomh na prìomh dhuaisean, airson am bi sinn a' farpais san sgìre agam fhìn, ainmeachadh.

'S urrainn dhomh cuid dhe na prìomh chluicheadairean/sgiobaidhean san t-saoghal ainmeachadh.

- Sgoilearan a thrèanadh 's a theagasg ann an sgìlean bunaiteach is riaghailtean cluiche bhall-coise.
- Farpais bheag a chur air dòigh do sgoilearan òga.
- Dèan rannsachadh air na prìomh dhuaisean airson am bi sinn a' farpais san sgìre agam fhìn (Eilean an Fhraoich, Jock Stein, Cupa Leòdhais) agus bileag-fiosrachaidh/faidhle-fiosrachaidh a chruthachadh gus mo thoraidhean a thaisbeanadh.
- Dealbhaich cupa airson am faodar a bhith a' farpais, a' mìneachadh carson a tha e cho cudromach agus cò a chluicheadh air a shon, msaa.
- Dèan rannsachadh air cluicheadair/sgioba eadar-nàiseanta agus cruthaich taisbeanadh powerpoint mun deidhinn.
- Cruthaich sgioba mas fhìor, stèidhichte air do eòlas/rannsachadh air comas nan cluicheadairean.

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.growingkids.co.uk/football.html>

https://en.wikipedia.org/wiki/FIFA_World_Player_of_the_Year

<https://kidskonnnect.com/sports/soccer/>

<https://en.wikipedia.org/wiki/Football>

<http://www.fifa.com/>

<http://www.lhfa.org.uk/>

*Ball-coise anns na h-Eileanan an Iar
~ Iain Gordon Dòmhnallach & Dòmhnall Iain Mac a' Ghobhainn*

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Dè, nad bheachd-sa, prìomh amasan ball-coise?

Dè, nad bheachd-sa, prìomh riaghailtean ball-coise?

Dè mar a chuireadh tu farpais bheag do sgoilearan òga air dòigh?

Smaoinich mu:

- meud sgioba
- àireamh sgiobaidhean
- taghadh sgiobaidhean
- raon-cluiche
- rèitire
- duaisean, msaa

Dè na duaisean airson a bheilear a' farpais san sgìre seo?

Cò às a tha na duaisean sin a' tighinn?

Dè seòrsa cupa airson am bu chaomh leat fhaicinn sgiobaidhean a' farpais san sgìre agad fhèin. Cò a chluicheadh air a shon?

Dè a gheibh thu a-mach mu chluicheadair/sgioba dhed roghainn fhèin?

Dè mar as urrainn dhut am fiosrachadh a chruinnich thu a thaisbeanadh?

Dè mar a gheibh thu a-mach mu na cluicheadairean as fheàrr san t-saoghal?

Cò a thaghadh tusa airson do sgioba mas fhìor, agus carson a thagh thu iad?

EÒLASAN IS BUILEAN

Nuair a bhios mi ag obair agus ag ionnsachadh còmhla ri daoine eile, tha mi a' cur ri mo raon sgìlean, a' sealltainn comas planaidh agus a' coileanadh nan amasan a chuir mi romham. HWB 2-23a

Le bhith a' beachdachadh air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile agus ga luachadh a rèir shlatantomhais a tha air an aontachadh, 's urrainn dhomh adhartas agus coileanadh aithneachadh agus seo a chleachdadh airson tuilleadh adhartais a dhèanamh. HWB 2-24a

'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh. SOC 2-01a

Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealaim, is urrainn dhomh ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil mi a' mothachadh do rudan gu mionaideach. EXA 2-04a

Is urrainn dhomh mo bheachdan a thoirt air adhart agus an innse do dhaoine eile, a' sealltainn mac-meanmna agus a' lorg co-dhiù aon fhuasgladh airson ceist dealbhaidh. EXA 2-06a

